

# Ceòl na h-Alba. Gleusta.

An iùil agaibh air roinn  
ceòl dùthchasach is  
traidiseanta na h-Alba



# **Clàr-innse**

Fàilte .....	<b>3</b>
Goireasan & Priomh Bhuidhnean.....	<b>4</b>
Taic na Roinne.....	<b>11</b>
Priomh Fhèisean ann an Alba.....	<b>12</b>

# Fàilte

Welcome

Wylcome



**Tha saoghal beothail ceòl dùthchasach is  
traidiseanta na h-Alba làn de thàlant bho luchd-  
ciùil stèidhichte gu ginealach ùr de luchd-ealain.**

Tha Alba a' cumail cuid de na fèisean ciùil as cliùitiche air an t-saoghal, agus tha mòran bhuidhnean follaiseach san dùthaich a tha a' beathachadh chànanan agus traidiseanan dùthchasach fad 's a bhios iad a' brosnachadh agus a' toirt taic do thàlant is bheachdan ùra.

Tha sinn air cuid de **na prìomh bhuidhnean agus fèisean a chruinneachadh bhon roinn** a sheallas na tha aig an dùthaich ri thabhall.

# Goireasan & Priomh Bhuidhnean

Tha saoghal ciùil soirbheachail aig Alba le cuid den luchd-ealain as fheàrr san t-saoghal. Tha seo air a neartachadh le lònra làidir de bhuidhnean a tha a' tabhann raon de sheirbheisean taice agus chothroman.

## Bogha-frois

Tha Bogha-frois na phròiseact a tha ag amas air luchd-ciùil LGBTQIA+ ann an Alba a bhios a' sgriobhadh, a' co-obrachadh agus a' seinn òrain ceòl traidiseanta, a bhios ag innse sgeulachdan mu bheatha mar bhuill den choimhearsnachd LGDTC+. 'S e an t-amas aig a' cheann thall sreach de thachartasan a chruthachadh a nochdas an ceangal eadar ceòl traidiseanta na h-Alba agus ceistean is luachan na 21mh linn.

 @Queervoicesfolk | [www.queervoicesinfolk.com](http://www.queervoicesinfolk.com)

## BIT Collective

'S e coimhearsnachd dhaoine a th' anns a' BIT Collective anns a bheil ùidh ann am beachdachadh air agus dèiligeadh ri cùisean co-ionannachd ann an ceòl traidiseanta na h-Alba. Tha iad ag amas air coimhearsnachd cleachdaidh le iomadachd agus a tha in-ghabhalach leis an amas choitcheann gus deagh atharrachadh a thòiseachadh. Bidh iad ag obair a dh'ionnsaigh seo le bhith a' cruinneachadh agus a' mion-sgrùudadh dàta, a' cuideachadh le deasbad agus ionnsachadh, a' toirt seachad taic, agus a' brosnachadh ghniomhan adhartach .

 @BITcollective1 | [www.thebitcollective.co.uk](http://www.thebitcollective.co.uk)

## Ceòlas

Stèidhichte ann an Uibhist a Deas, tha a' Ghàidhlig agus a cultar aig cridhe na h-obrach aig Ceòlas, a' ruith thachartasan agus chur-seachadan tron bhliadhna a' gabhail a-steach co-labhairtean, òraidean, cuirmean is dannsaichean. Tha an sgoil-shamhraidh aca a' tarraing oilleanaich bho air feadh na cruinne.

 @ceolas\_uibhist | [www.ceolas.co.uk](http://www.ceolas.co.uk)

## Fèisean nan Gàidheal

---

Mar phriomh ghuth ann a bhith a' brosnachadh ealain is cultar na Gàidhlig, tha Fèisean nan Gàidheal a' tabhann chothroman ionnsachaidh ann an ceòl, òrain, dannsa agus dràma Gàidhlig do chòrr air 13,000 òganaich air feadh Alba. Tha Fèisean nan Gàidheal cuideachd a' ruith fèis Blas a bhios a' comharrachadh cultar na Gàidhealtachd.

@fngaidheal | [www.feisean.org/en/](http://www.feisean.org/en/)

## Fèis Rois

---

Aig fior thoiseach foghlam ealain thraigiseanta àrd-inbhe, tha Fèis Rois a' tabhann prògram farsaing de theagasc ciùil do chòrr is 100 sgoil ann an Alba. Bidh iad cuideachd a' toirt taic do luchd-ciùil òga a dhol air chuaireann an Alba, an RA agus gu h-eadar-nàiseanta, agus a' tabhann raon de ghnìomhan ciùil a' gabhail a-steach slighean cèilidh, clasaichean ionnsramaidean agus ionnsachadh air-loidhne.

@FeisRois | [www.feisrois.org](http://www.feisrois.org)

## Hands Up for Trad

---

Tha Hands Up for Trad ag obair gus iomhaigh agus faicsinneachd ceòl traidiseanta na h-Alba àrdachadh tro fhiosrachadh, foghlam agus tagradh. Bidh iad a' brosnachadh sàr-mhathais agus a' toirt taic do thàlant tro ghrunn phròiseactan a' gabhail a-steach Duaisean Ceòl Traidiseanta na h-Alba, Ceòladair Òg Traidiseanta na Bliadhna air BBC Radio Scotland, Scotland Sings, Tinto Summer Schools agus FolkWaves.

@handsupfortrad | [projects.handsupfortrad.scot](http://projects.handsupfortrad.scot)

## FolkWaves

---

'S e pròiseact de Hands Up for Trad a th' ann an FolkWaves. Tha e ag amas ri ceòl Albannach a bhrosnachadh gu gach seòrsa rèidio air feadh an t-saoghal. Faodaidh luchd-ciùil na clàran as ùire aca a luchdachadh suas chun làrach-lin agus faodaidh craoladairean òrain ùra a luchdachadh a-nuas bho luchd-ealain Albannach airson a chluich air na prògraman aca.

[projects.handsupfortrad.scot/folkwaves](http://projects.handsupfortrad.scot/folkwaves)

---

## **Ionad Piobaireachd Nàiseanta**

---

Tha Ionad Nàiseanta na Piobarachd ann an Glaschu na ionad sàr-mhathais eadar-nàiseanta airson na pioba agus a ciùil. Anns an ionad tha sgoil, seòmraichean ro-aithris, talla-cluiche, taigh-tasgaidh, ionad fiosrachaид agus leabharlann lorgaidh. Tha fàilte air luchd-tadhail bhon dùthaich seo agus bho thall thairis a thighinn dhan ionad airson ionnsachadh, cluich no airson spòrs.

 @ThePipingCentre | [www.thepipingcentre.co.uk](http://www.thepipingcentre.co.uk)

---

## **Sabhal Mòr Ostaig**

---

Tha Sabhal Mòr Ostaig aithnichte gu h-eadar-nàiseanta mar Ionad Nàiseanta airson na Gàidhlig agus a Cultar, agus tha e a' tabhann deagh chothroman foghlaim is rannsachaид an dà chuid air-loidhne agus aig an àrainn aca san Eilean Sgitheanach. Tha priomh àite aig a' cholais cuideachd ann a bhith a' brosnachadh ealain is cultar na Gàidhlig, agus tha i a' cumail prògram còmhnaidh airson luchd-ealain ann an ceòl, litreachas agus na h-ealain lèirsinneach.

 @SabhalMorOstaig | [www.smo.uhi.ac.uk](http://www.smo.uhi.ac.uk)

---

## **Sgoil Eòlais na h-Alba**

---

Chaidh Sgoil Eòlais na h-Alba aig Oilthigh Dhùn Èideann a stèidheachadh ann an 1951 gus stuthan co-cheangailte ri traidiseanan cultarach agus beul-aithris na h-Alba a chruinneachadh, a ghlèidheadh, a rannsachadh agus fhoillseachadh. Tha an cruinneachadh air fòcas a chuir air beatha Albannach, beul-aithris agus na h-ealain thraigseanta le stuthan ann an Gàidhlig, Albais agus Beurla air an cruinneachadh bho choimhlearsnachdan air feadh Alba agus a sliochd. Anns a' chruinneachadh tha tasglann fuaim a tha cudromach gu h-eachdraidhei anns a bheil mu 33,000 clàraighean, tasglann dhealbhan anns a bheil na miltean de dhealbhan bho na 1930an a-mach, cruinneachadh beag film is bhidio, agus tasglann làmh-sgriobhainnean.

 @EU\_SSSA | [www.ed.ac.uk/information-services](http://www.ed.ac.uk/information-services)



We Have Won the Land  
*Dealbh: Douglas Robertson*

---

## **Ionad Ciùil na h-Alba**

---

Tha Ionad Ciùil na h-Alba na ghoireas ciùil air leth math, agus na dhachaigh do chruinneachadh de chòrr air 30,000 rud a' toirt a-steach sgòran is clàraighean tearc ann an Glaschu agus air-loidhne. Tha an t-Ionad cuideachd air leth cudromach ann a bhith a' brosnachadh tàlant an dà chuid gu h-ionadail agus gu h-eadar-nàiseanta tro phrògraman, seiseanan trèanaidh agus raon de sheirbheisean, agus tha e aig cridhe adhartachadh cultar ciùil beothail na h-Alba.

 **@scottishmusic | [www.scottishmusiccentre.com](http://www.scottishmusiccentre.com)**

---

## **Scots Music Industry Association**

---

Is e buidheann malairt a th' ann an Scots Music Industry Association (SMIA) a tha ag àrach, ag adhartachadh agus a' frithealadh ùidhean gniomhachas ciùil na h-Alba. Tha a' bhallrachd cá a' gabhail a-steach daoine fa leth agus buidhnean a tha ag obair thar gach roinn de gniomhachas a' chiùil ann an Alba, a' gabhail a-steach manaidsearan luchd-ealain, luchd-adhartachaidh, companaidhean chlàran, stiùidiothan, luchd-ealain, luchd-sgaoilidh agus barrachd. Tha SMIA a' neartachadh agus a' tagradh airson gniomhachas ciùil na h-Alba tro mheasgachadh de phròiseactan a' gabhail a-steach tachartasan trèanaidh, bùthan-obrach, priomh chlasaichean, lionrachadh san roinn agus Duais SAY, duais ciùil nàiseanta na h-Alba.

 **@TheSMIA | [www.smia.org.uk](http://www.smia.org.uk)**

---

## **Showcase Scotland Expo**

---

Tha Showcase Scotland Expo ag amas air cothroman às-mhalaire beò a thoirt air adhart do luchd-ealain stèidhichte ann an Alba a tha ag obair ann an gnèithean ceòl dùthchasach, traidsante, Alba, Gàidhlig, cruinne agus accountigeach. Bidh iad a' cruthachadh dhàimhean làidir le tachartasan malairt ciùil thall thairis agus a' toirt taic do chothroman taisbeanaidh do luchd-ealain a tha a' fuireach ann an Alba. Bidh iad cuideachd a' ruith The Visit, iomairt airson gniomhachas a' chiùil thall thairis a' tighinn a dh'Alba a tha ag amas air gniomhachas bho phriomh àiteachan gus tadhail air Alba gus luchd-ciùil fhaicinn beò a tha freagarrach airson cluich is reic thall thairis agus gus coinneachadh ri gniomhachas ceòl na h-Alba san fharsaingeachd.

 **@ShowcaseScot | [www.showcasescotlandexpo.com](http://www.showcasescotlandexpo.com)**

## **Tobar an Dualchais/Kist o Riches**

---

Tha Tobar an Dualchais /Kist o Riches a tha a' glèidheadh, a' digiteachadh agus a' catalogadh nam miltean de dh'uairean a thìde de chlàraighean Gàidhlig is Albais a bhios rim faighinn air-loidhne an uair sin. Tha beairteas de stuthan cudromach gu h-eachdraidheil agus gu cultarail air an làrach-lìn a' gabhair a-steach òrain, ceòl, eachdraidh beòil, bàrdachd agus beul-aithris. 'S ann à Tasglann Sgoil Eòlais na h-Alba a thàinig na clàraighean sa mhòr-chuid.

@TobarDualchais | [www.tobarandualchais.co.uk](http://www.tobarandualchais.co.uk)

---

## **The Touring Network**

---

Tha The Touring Network a' brosnachadh chuairean dùthchail mar phàirt chudromach agus sònraichte de bheatha chultarail na h-Alba. Bidh iad a' cuideachadh le bhith a' toirt thaisbeanaidhean beò den chàileachd as àirdé gu gach ceàrnaidh den Ghàidhealtachd is de na h-Eileanan, agus a' toirt taic, comhairle agus trèanadh dhaibhsan a tha ag obair ann an cuairtean beaga.

@touringnetwork | [www.thetouringnetwork.com](http://www.thetouringnetwork.com)

---

## **Traditional Arts + Culture Scotland (TRACS)**

---

Tha TRACS a' riochdachadh nan ealan traidiseanta ann an Alba agus tha e na cho-obrachadh eadar trì Fòraman: Ceòl, Seanchas agus Dannsa. Còmhla, bidh iad a' brosnachadh co-obrachadh thar foirmean nan ealan agus cànanan. Bidh iad cuideachd a' ruith bùthan-obrach, cuirmean-ciùil agus òraidean, a bharrachd air Fèis Eadar-nàiseanta Seanchas na h-Alba.

@ArtsTrad | [www.tracscotland.org](http://www.tracscotland.org)

---

## **Comann Ceòl agus Òrain Thraidiseanta**

---

Tha Comann Ceòl is Òrain Thraidiseanta na h-Alba (TMSA) na bhuidheann ballrachd a tha dealasach a thaobh a bhith a' brosnachadh, a' taisbeanadh agus a' glèidheadh ceòl is òrain thraidiseanta na h-Alba. A bharrachd air a bhith a' tabhann comhairle agus fiosrachadh, tha TMSA a' toirt seachad chothroman com-pàirt a ghabhail tro fhèisean, cèilidhean, cuirmean, co-fharpaisean agus bùthan-obrach.

@TMSAScotland | [www.tmsa.scot](http://www.tmsa.scot)



Fraser Fifield

*Dealbh: Douglas Robertson*

# Taic na Roinne

Tha roinn a' chiùil thraidiseanta agus dùthchasach a' faighinn taic bho ghrunn thusan. Seo cuid de na priomh bhuidhnean a tha a' toirt seachad maoineachadh, comhairle agus taic coitcheann.

## Arts Infopoint UK

Is e iomairt pileat a th' ann an Arts Infopoint UK le goireasan gus daoine le ùidh sa chùis a stiùireadh tro chuid de na h-irean rianachd de thighinn dhan RA mar neach-ealain, neach-proifeasanta cultarach no buidheann.

Co-dhiù an teid dèligeadh ri ceistean co-cheangailte ri obair pàighe geàrr-ùine san RA; ionnstramaidean agus uidheam a għluasad; no sùil a chumail air dleastanasan tèarainteachd shòisealta, bidh Arts Infopoint UK a' ruith thachartasan, a' cruinneachadh goireasan, agus a' freagairt cheistean gus an fheadhainn a tha an dùil turas cruthachail a chur air dòigh don RA a chuideachadh. Tha Arts InfoPoint air a stiùireadh le Wales Arts International ann an com-pàirteachas le comhairlean ealain agus buidhnean eile de na ceithir dùthchannan san RA: Alba Chruthachail, Comhairle Ealain Shasainn agus Comhairle Ealain Èirinn a Tuath.

 @ArtsInfopointUK | [www.artsinfopointuk.com](http://www.artsinfopointuk.com)

## Comhairle Bhreatann (Alba)

Tha sgioba ciùil Comhairle Bhreatann na phàirt de lìonra cruinne a bhios a' planadh, a' goireasachadh agus a' libhrigeadh phròiseactan ealain àrd-inbhe le luchd-ealain proifeasanta agus buidhnean às an RA. Bidh iad ag obair gus iomhaigh eadar-nàiseanta ceòl is cruthachaileachd na RA a neartachadh agus gus com-pàirteachasan a stèidheachadh thall thairis.

 @BCScotland | [scotland.britishcouncil.org](http://scotland.britishcouncil.org)

---

## **Alba Chruthachail**

---

'S e Alba Chruthachail a' bhuidheann phoblach a tha a' toirt taic dha daoine agus buidhnean airson obair agus eòlas fhaighinn anns na gnìomhachasan ealain, sgrine agus cultarach ann an Alba tro mhaoineachadh bho Riaghaltas na h-Alba agus an Crannchur Nàiseanta. Bidh an Sgioba Ciùil a' toirt seachad maoineachadh airson gach gnè ciùil le clàradh, cuairtean, fèisean, taisbeanaidhean, ionadan ioma-ealaín, rannsachadh is leasachadh luchd-ealaín, agus taic bhon ghniomhachais. Tha na h-ealaín thraigiseanta agus cànanan dùthchasach nam priomh eileamaidean de roinn ciùil na h-Alba anns a bheil pailteas de thàlant a tha deiseil airson às-mhalairt.

@CreativeScots | [www.creativescotland.com](http://www.creativescotland.com)

## **Priomh Fhèisean ann an Alba**

Tha saoghal fior mhath de cheòl traidiseanta, dùthchasach is freumhan ann an Alba le miosachan làn de dh'fhèisean is thachartasan aig ìre àrd le luchd-ealaín aig a bheil inbhe eadar-nàiseanta. Bidh iad sin a' tachairt air feadh na dùthcha fad na bliadhna.

---

## **Celtic Connections / Am Faoilleach - An Gearran**

---

'S e fèis bhliadhnailean ceòl dùthchasach, freumhan agus cruinne Ghlacach a th' ann an Celtic Connections, a' comharrachadh ceòl Ceilteach agus a cheangal ri cultaran air feadh na cruinne. Bidh luchd-ciùil bho air feadh an t-saoghail a' tighinn a Ghlacach airson fèis le cuirmean, cèilidhean, òraidean, taisbeanaidhean ealaín, bùthan-obrach agus tachartasan an-asgaidh. Tha an tachartas riochdairean bliadhnailean Showcase Scotland, le com-pàirtiche eadar-nàiseanta a' tachairt aig àm na fèise.

@ccfest | [www.celticconnections.com](http://www.celticconnections.com)

---

## **Fèis Dùthchasach Shealtainn / An Giblean - An Cèitean**

---

Tha an fhèis seo aig a bheil cliù eadar-nàiseanta - an fhèis dùthchasach' as fhaide tuath san RA - a' cumail sleath air leth de cheòl dùthchail, blues, jazz agus swing, agus tha i ainmeil airson a bhith a' taisbeanadh luchd-ciùil Shealtainn agus traidisean fidhle gun samhail.

@shetlandfolk | [www.shetlandfolkfestival.com](http://www.shetlandfolkfestival.com)

---

## **Tradfest Dùn Èideann / An Giblean - An Cèitean**

---

Is e Tradfest an taisbeanadh bliadhnailean de Ealain is Cultar Traidiseanta ann am prìomh bhaile na h-Alba. Tha prògram aig an fhèis làn de thachartasan is thaisbeanaidhean, le ceòl, òrain, seanchas agus dannsa mar a bhios luchd-ealain ionadail is eadar-nàiseanta a' tighinn còmhla airson tachartasan air feadh a' bhaile.

@EdinTradFest | [www.edinburghtradfest.com](http://www.edinburghtradfest.com)

---

## **Skye Live / An Cèitean**

---

Air ainmeachadh mar 'fhèis shònraichte agus do-sheachnaichte' leis a' phàipear-naidheachd The Scotsman, tha Skye Live stèidhichte ann an tè de na làraichean fèis as àille air an t-saoghal, le seallaidean àlainn den Chuiltheann air an dàrna taobh agus Bodach an Stòir air an taobh eile. Bidh an fhèis a' taisbeanadh luchd-ciùil bho air feadh saoghalan ceòl traidiseanta, dannsa agus dealanach na h-Alba agus nas fhaide air falbh.

@SkyeLiveFest | [www.skyelive.co.uk](http://www.skyelive.co.uk)

---

## **Cèilidh Cruinne Knockengorroch / An Cèitean**

---

Tha Cèilidh Cruinne Knockengorroch a' cur air adhart an fheadhainn as fheàrr ann an ceòl Ceilteach agus ceòl cruinne traidiseanta is co-aimsireil. Bidh an fhèis a' comharrachadh iomadachd agus a' taisbeanadh an tàlant dùthchail as fheàrr ann an Alba còmhla ri luchd-ealain den chiad ire bho air feadh an t-saoghal.

@Knockengorroch | [www.knockengorroch.org.uk](http://www.knockengorroch.org.uk)

---

## **Fèis Dùthchasach Arcaibh / May**

---

Bidh Fèis Dùthchasach Arcaibh a' toirt còmhla luchd-ciùil ionadail le luchd-ciùil eadar-nàiseanta, a' toirt toileachas do mhuinntir an àite agus luchdturais le measgachadh de chuirmean, cèilidhean, seiseanan neo-fhoirmeil, bùthan-obrach agus òraidean.

@OrkneyFolkFest | [www.orkneyfolkfestival.com](http://www.orkneyfolkfestival.com)



---

## Fèis Chiùil Thiriodh / An t-luchar

---

Air a stèidheachadh ann an 2010 le Stiùbhart MacLlinnein agus Daniel Gilleasbaig à Skerryvore, tha Fèis Chiùil Thiriodh air fàs bliadhna an deidh bliadhna. Bidh an fhèis càirdeil seo a' toirt a-steach luchd-ciùil nàiseanta is eadar-nàiseanta, dòighean-obrach traidiseanta agus co-aimsireil, agus tha i air grunn dhuaisean a chosnad. Bidh ceòl sgoinneil, cultar na Gàidhlig agus seallaidhean-tire iongantach a' tighinn còmhla san fhèis dhrùidh teach eileanach seo.

 @tireemusicfest | [www.tireemusicfestival.co.uk](http://www.tireemusicfestival.co.uk)

---

## Fèis Cheilteach Innse Gall / An t-luchar

---

A' tachairt ann an Steòrnabhagh ann an Eilean Leòdhais, bidh Fèis Cheilteach Innse Gall a' tàladh luchd-ciùil bho air feadh an t-saoghal. Bidh an fhèis càirdeil seo a-steach cuirmean, bùthan-obrach agus tachartasan an-asgaidh, agus a' taisbeanadh ceòl Ceilteach, Gàidhlig, traidiseanta agus co-aimsireil.

 @HebCelt | [www.hebcelfest.com](http://www.hebcelfest.com)

---

## Fèis Belladrum / An t-luchar

---

Air a cumail air oighreachd Bhelladrum faisg air Inbhir Nis, tha an fhèis chiùil is ealain seo, a choisinn duaisean, a' taisbeanadh sreath inntinneach a' còmhdach ceòl dùthchail, indie agus roc. Ainmeil airson a prògramadh roghainneil agus dòigh-obrach gach aois, tha an fhèis air a fàs nas feillmhoire agus tha tiogaidean a-nis gan reic a-mach ro làimh gach bliadhna.

 @BelladrumFest | [www.tartanheartfestival.co.uk](http://www.tartanheartfestival.co.uk)

---

## Piobaireachd Beò! / An Lùnastal

---

A' taisbeanadh a' chuid as fheàrr de chultar piobaireachd eadar-nàiseanta, tha Piobaireachd Beò! a' gabhail a-steach prògram làn de thachartasan, a' gabhail a-steach taisbeanaidhean còmhlan pioba an-asgaidh, làithean spòrs teaghlaich, seiseanan blasad airson gach aois, cuirmean feasgair agus Farpaisean Còmhlan Pioba na Cruinne ainmeil.

 @GlasgowPiping | [www.pipinglive.co.uk](http://www.pipinglive.co.uk)

---

## **Fèis Iomall Dhùn Èideann / An Lùnastal**

---

Is e Fèis Iomall Dhùn Èideann an fhèis ealain as mothàir air an t-saoghal agus thèid a cumail gach Lùnastal ann am prìomh bhaile na h-Alba. Bidh na miltean de chleasaichean, bho ainmean mòra gu luchd-ealain neo-aithnichte, a' taisbeanadh thaisbeanaidhean thar gach cruth ealain. Tha an fhèis a' gabhail a-steach ceòl, thèatar, comadaidh, dannsa, thèatar corporra, taisbeanaidhean agus tachartasan.

@edfringe | [www.edfringe.com](http://www.edfringe.com)

---

## **Blas / An t-Sultain**

---

Bidh fèis Blas a' comharrachadh cultar ceòl traidiseanta agus Gàidhlig air Gàidhealtachd na h-Alba, le luchd-ciùil ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta. Tha prògram beairteach aig an fhèis a' tabhann chothroman do luchd-ciùil òga, sgoiltean agus coimhlearsnachdan.

@blasfestival | [www.blas.scot](http://www.blas.scot)

---

## **Mòd Nàiseanta Rìoghail / An Dàmhair**

---

A' comharrachadh cànan is cultar na Gàidhlig, tha am Mòd Nàiseanta Rìoghail, air a libhrigeadh leis a' Chomunn Ghàidhealach, a' toirt chothroman do dhaoine de gach aois a bhith a' cluich agus a' farpais thairis air raon de chuspairean, a' gabhail a-steach ceòl is òrain Ghàidhlig, dannsa Gàidhealach, ceòl ionnsramaid, dràma, spòrs agus litreachas. Bidh iomall na fèise a' taisbeanadh sàr luchd-ciùil is cleasaichean Gàidhlig gach bliadhna.

@NationalMod | [www.ancomunn.co.uk/nationalmod](http://www.ancomunn.co.uk/nationalmod)



Blas Festival

Buaidheachas do: Féisean nan Gàidheal



ALBA | CHRUTHACHAIL

Waverley Gate  
2-4 Waterloo Place  
Edinburgh EH1 3EG  
Scotland UK

[www.albahruthachail.com](http://www.albahruthachail.com)  
[enquiries@creativescotland.com](mailto:enquiries@creativescotland.com)



January 2024